

# A' TOGAIL NAN EILEAN

Pasgan Foghlaim

Geàrr-chunntas agus Clàr

Tha a' chuid as mothà de ghoireasan foghlaim air ailtireachd a' coimhead ri àrainneachdan sna bailtean mòra – chan eil ach glè bheag de sgìrean urban, no suburban, ri lorg sna h-Eileanan. Fiù far a bheil bailtean, tha na togalaichean anna tric sgapte bho chèile. Chan ann tric a lorgas 'sràid' cheart mar a th'aca ann an àitean eile.

Is iad na priomh amasan:

Tha a' chiad phàirt den phasgan seo a' toirt cothrom do chlann aithne a chur air ailtireachd is iad a' clàradh agus a' cruthachadh fiosrachadh air an àrainneachd timcheall air an sgoil aca; le leabhran I Spy ga chruthachadh airson fiosrachadh a sgaoileadh do sgoilearan eile.

Tha an ath eacarsaich a' togail air an fhirosrachadh seo agus a' coimhead ris na nithean a tha a' toirt buaidh air cumadh na h-àrainneachd timcheall oirnn sna h-Eileanan: nithean leithid an aimsir, eachdraidh agus suidheachadh.

Cuideachd le goireasan air-loidhne leithid Google Earth nithear coimeas eadar toraidhean na sgìre seo agus sgìrean eile, sgìrean eileanach no air tìr-mòr.

In e an t-amás an uair sin ach gun cuir na sgoilearan an t-eòlas agus tuigse ùr aca air ailtireachd gu feum is iad ag aithneachadh nam priomh thogalaichean agus structuran san àrainneachd aca fèin.

Tha fiosrachadh ann air mar a tha ailtirean agus proifeiseantaich eile an sàs ann an ailtireachd a' roinn fiosrachadh air dealbhadh; a' coimhead ri meud is riaghailtean dealbhachaidh a tha a' gabhail a-steach planadh agus àirde thogalaichean.

# A' TOGAIL NAN EILEAN

Ar Sgìre Fhèin – Leabhran I Spy  
A' cur eòlas air togalaichean san àrainneachd

Tha na duilleagan-obrach seo airson sgrùdadhbh sgìre faisg air an sgoil, a' tarraing aire agus tuigse dhaoine gu ailtireachd sna h-Eileanan. A' togail air an eòlas phearsanta aca, 's urrainn do dhaoine òga barrachd fiosrachaidh a thional air na tha aca de dh'eòlas air togalaichean agus na beàrnana eatorra ach an dèan iad an inntinn an-àirde mu staid na àrainneachd aca.

Tro na h-eacarsaichean seo, bidh e comasach do sgoilearan aithneachadh agus eadar-mhìneachadh a dhèanamh air na togalaichean a chì iad bho là gu là. Tro bhith a' dèanamh mion-sgrùdadhbh is beachdachadh air na togalaichean seo, nì iad measadh air mar a chaidh an dealbhachadh, a' bhuaidh a tha iad a' toirt air an àrainneachd agus mar a ghabhas seo a leasachadh. Às a seo, bidh beachd phearsanta aca air dealbhachadh thogalaichean is air an ailtearachd san àite sa bheil iad a' fuireach 's ag obair agus iad a' gabhail uallach air a son.

Tha barrachd na dìreach a bhith a' coimhead an lùib aire-shùla ('visual awareness'), feumas cuideachd a bhith a' faicinn, agus 's ann tro bhith a' faicinn a thathas a' tuigsinn. Tha cuspairean leithid cruinn-eòlas, saidheans agus eachdraidh a' leigeil le sgoilearan tuairmse a dhèanamh air àitean fa leth; ag aithneachadh, a' cur an òrdugh, agus a' tuigse carson a tha iad mar a tha iad agus ciamar a bhuineas iad ri chèile. Tha aire-shùla - gu bhith a' faicinn agus a' tuigse – na chomas àraighe. Tha e a' toirt dhuinn comas air fior mheasadh a dhèanamh air luach àitean agus thogalaichean cho math ri tuigse nas doimhne air mar a thàinig àitean is thogalaichean gu bith, mar a tha iad an-dràsta, agus mar a bhios iad san àm ri teachd.

Amasan

Leis an eacarsaich seo, tha na sgoilearan a' cruthachadh leabhran I Spy air na togalaichean san àrainneachd timcheall orra. Tha trì eileamaidean san eacarsaich seo:

1. A' cruthachadh clàr de dhiofar seòrsa thogalaichean
2. A'tadhal air an àite a dhèanamh rannsachadh is clàradh

# A' TOGAIL NAN EILEAN

Ar Sgìre Fhèin – Leabhran I Spy  
A' cur eòlas air togalaichean san àrainneachd

3. Air ais gu sgoil airson sgrùdadadh agus aithris a dhèanamh air na toraidhean mas tèid an leabhran a chur ri chèile.

Mas toisich sibh

- Taghaibh sràid/sgìre faisg air an sgoil agaibh 'son mion-sgrùdadadh a dhèanamh.
- Bidh meud nan sgìrean eadar-dhealaichte bho sgoil agus bidh iad cuideachd a rèir na th' anns a' chlas agus far a bheil an sgoil, ach bu chòir co-dhiù 10-20 togalaichean a bhith ann. 'S dòcha gum bi sgoiltean am bailtean mòra le suas ri 30 no 40 togalaichean anna (15/20 air gach taobh dhen rathad).
- Bu chòir measgachadh seòrsa thogalaichean a bhith ann, eadar taighean-còmhnaidh, togalaichean poblach, coimearsalta, togalaichean ùra is aosta.
- Bu chòir a bhith goirid gu leòr 'son faighinn suas is sìos is sibh a' tadhal oirre.
- Bu chòir a bhith faisg (astar coiseachd) air an sgoil.
- Ann an sgìrean dùthchail le sgoiltean beaga, 's dòcha gum bi e duilich sgìre a lorg sa bheil measgachadh de dhiofar seòrsa thogalaichean. Chan eil seo gu diofar ge-tà, oir 's urrainn dha seo sealltainn gu bheil rudan sònraighe, eadar-dhealaichte mun sgìre agaibhse an taca ri sgìrean eile sna h-Eileanan agus air tìr-mòr.

Nuair a tha sgrùdadadh ga dhèanamh air an sgìre ro-làimh, dèanaibh cinnteach gu bheil àitean sàbhailte ann airson stad far as urrainn dha sgoilearan dealbhan a dhèanamh agus còmhradh mu dheidhinn na tha iad a' faicinn.

Bidh taisbeanadh dhen sgìre gu math prìseil mar ghoireas dha na sgoilearan airson a' phròiseict. Airson sgoilearan òga, bu chòir seo a bhith aca aig an fhòr thoiseachd. Bu chòir sgoilearan nas sine iad fhèin an taisbeanadh a chur ri chèile.

Togaibh dealbhan dhe na togalaichean gu lèir; a' gabhail a-steach nam beàrnan eadar an rathad agus na togalaichean, far a bheil na togalaichean a' suidhe air ais bho oir an rathaid, mar phàirt dhen taisbeanadh.

Cuiribh an dà thaobh dhen rathad sìos air dà phannal fa leth le rùm eadar na sreathan de dhealbhan agus air oir nam pannalan ach an cur na sgoilearan an-àirde toraidhean an rannsachaидh aca.

Bidh e cuideachail copaidhean a bharrachd de na dealbhan-camara a bhith agaibh 'son cleachdadhbh ann an eacarsaichean eile.

Feumaibh sibh mapa de na sgìrean. Faodar seo a chur an-àirde air a' bhalla no 's dòcha gun cuir sibh mapa air-loidhne an-àirde air smart board. 'S math dh'fhaodte gun dèan sibh an dà chuid ach am faigh na sgoilearan cothrom coimhead ris a' mhapa fhad 's a tha an sgrion dheth.

# A' TOGAIL NAN EILEAN

Ar Sgìre Fhèin – Leabhran I Spy

## Pàirt 1 A' cur eòlas air ailtireachd an àite – a' clàradh nan togalaichean

### Amasan

Gun cuir sgoilearan eòlas air a' phròiseact agus na diofar seòrsa thogalaichean agus nithean eile a chì iad san àrainneachd.

### Deasbad sgoilearan

Innsibh dha na sgoilearan gu bheil iad gu bhith a' coimhead ri togalaichean ann an sgìre faisg air an sgoil, ag ionnsachadh ciamar a nì iad sgrùedadh air ailtireachd an àite. Bidh aca ri dhol a-mach a dh'obair is a lorg nas urrainn dhaibh de dh'fhiosrachadh.

Bidh aca an uair sin ri leabhran I Spy a chur ri chèile airson leughadh le sgoilearan eile. Aig an deireadh, 's dòcha gun sgaoil iad toraidhean an rannsachaidh aca air beulaibh na sgoile gu lèir no ri làranta, aig cruinneachadh-sgoile no ann an leabhar-clas.

Cuiribh eòlas air a' chuspair le deasbad air an sgìre agus na seòrsa thogalaichean is structaran a lorgas innte.

Anns an sgìre seo, bidh mòran diofar seòrsa thogalaichean, cumaibh deasbad mar bhuidheann air na diofar dhòighean sa bheil na togalaichean air an cleachdad, ie: aoradh, choinneamhan poblach, còmhaghail, dòn, coimearsalta, àiteachas, gnìomhachas agus taighean-còmhnaidh.

### Eacarsaich – Clàr de dhiofar seòrsa thogalaichean

Tron deasbad seo, bidh sibh a' tòiseachadh air clàr a chur ri chèile den diofar seòrsa thogalaichean a chì iad san sgìre.

Cleachdaibh word cards airson tòiseachadh air a' chlàr, ach fhad 's a tha sibh a' dol air adhart, faod sibh cur ris le dealbhan bho irisean, bhon eadar-lion, Google Earth agus Street View, agus le dealbhan a rinneadh leis na sgoilearan fhèin.

Cleachdaibh còd-dathan airson togalaichean poblach, priobhaideach, coimearsalta agus àiteachais.

A bheil dòighean eile ann air aithneachadh ciamar a tha togalach ga chleachdadbh bhon taobh a-muigh?

Dè na structuran eile a chì sibh san àrainneachd? Leithid; Rseann togalaichean is tobhtaichean, cabhsairean, cidhichean, calachan, drochaidean, structuran-diona, crainn-ghaoithe, seadaichean, taighean-glainne, ballachan is feansaichean, fasgaidhean-bus, containearan, carabhanaichean, cruinn-fòna, bucais-fòna, bucais-phuist, togalaichean airson bionaichean, soidhnichean, etc.

'S dòcha nach e buileach togalaichean a th' annta ach tha iad tric gu math aithnichte ann an àrainneachd.

Cleachd na h-eisimpleirean seo airson cur ris ur clàr air togalaichean san àrainneachd.

- Goireasan
- taisbeanadh a' sealltainn panorama de thogalaichean san t-sràid no sgìre a thagh sibh
- mapa den àite a' gabhail a-steach na sgìre a thagh sibh
- acainn airson dealbhan a dhèanamh
- cairtean dathach airson sgrìobhadh air agus taisbeanadh
- liostaichean de bhriathrachas ailtireach bhon phasgan ghoireasan
- duilleag ghoireasan 1 agus 2
- Builean agus Èòlasan
- tuigse air an t-seòrsa nithean a lorgas san àrainneachd de thogalaichean
- comas air mapa a chur gu feum ann a bhith a' lorg na sgoile agus na sgìre air a rannsachadh
- dealbhan agus briathrachas gu leòr airson mìneachadh ceart a dhèanamh air an sgìre
- coimeas ga dhèanamh air da thogalach fa leth

# A' TOGAIL NAN EILEAN

Ar Sgìre Fhèin – Leabhran I Spy

Pàirt 1 A' cur eòlas air ailtireachd an àite – a' clàradh nan togalaichean

A bheil togalaichean no structaran a tha nas aithnichte na feadhainn eile san àrainneachd? Dè tha gam fàgail cho aithnichte, àraidh? Meud? Dath? Cleachdad? Eachdraidh? Stuthan-togail? A bheil an dòigh sa bheil iad gan cleachdad a' cialleachadh gu bheil e cudromach dhaibh a bhith eadar-dhealaichte, àraidh an taca ris na togalaichean timcheall orra?

A bheil gneithean togalaichean nach eil ri lorg san àrainneachd agaibh ach air a bheil sgoilearan eòlach bho bhith gam faicinn ann an àitean eile, air telebhisean no sna filmichean?

Dè mu dheidhinn togalaichean a tha aithnichte air feadh an t-saoghail? Faighnich dha na sgoilearan mu thogalaichean ainmeil leithid Tùr Lunainn, Tùr Eifel, Taigh Opara Sydney, Pàrlamaid na h-Alba, Sgoil Ealain Ghlaschu, Drochaidh Rèile Fhoirthe, Steidium Murrayfield, an SECC an Glaschu, The Shard an Lunainn, Empire State Building an New York. Taj Mahal, etc.

Carson a tha iad ainmeil? An e coltas no cleachdad a tha a' cunntadh, no adhabhar eile? An urrainn dhuibh dealbhan a dhèanamh dhiubh no dealbhan dhiubh a lorg air-loidhne?

Cuir an clàr de thogalaichean/structuran is de ghnèithean ann an trì roinnean mar a leanas:

- Faisg air an sgoil. 'S e seo an sgìre a bhios sibh a' rannsachadh 'son I Spy.
- Ri lorg san sgìre no sna h-Eileanan.
- Taobh a-muigh nan Eilean

A' cur eòlas air stuthan-togail

Bheiribh sùil air an diofar seòrsa stuthan às a bheileas a' togail thogalaichean – dè an t-ainm a th' orra? Ciamar a tha iad air an cleachdad? A bheil iad ann air adhbharan dionach/structurail/maiseach?

Eacarsaich air coimeasan is coltasan

Ann an dithisean no buidhnean beaga, taghaibh dà thogalach eadar-dhealaichte bhon chlàr agaibh (le dealbhan dhiubh) agus dèanaibh measadh air ciamar a tha iad coltach agus eadar-dhealaichte agus clàr toraidhean a' mheasaidh air an duilleag ghoireasan.

Còmhradh clas

Theirigibh thairis air briathrachas ailtireach le còmhradh air stuthan-togail, cumaidhean, uinneagan agus pàtranan.

# A' TOGAIL NAN EILEAN

Ar Sgìre Fhèin – Leabhran I Spy

Pàirt 1 A' cur eòlas air ailtireachd an àite – a' clàradh nan togalaichean

Eacarsaich 2

Ar Sgìre Fhèin

Bheiribh sùil air a' mhapa dhen sgìre agaibh agus dhen sgìre a tha sibh a' sgrùdadadh.

B' urrainn dhuibh cuideachd Google Earth agus Google Maps a chleachdadadh airson coimhead ris na sgìrean aig diofar ìrean, tro dhiofar shìoltachain agus bho dhiofar thaobhan. A bheil diofar rudan rim faicinn, a bheil coimhead air an aon rud an diofar dhòighean a' dèanamh na mapaichean nas phasa a thugse?

Dèanaibh mìneachadh air an sgìre a tha sibh gu bhith a' sgrùdadadh agus air meud na sgìre.

Duilleag ghoireasan 1

Smaoinichibh oirb' fhèin a' coiseachd sìos an rathad tron sgìre a tha sibh gu bhith a' sgrùdadadh agus dèan dealbh sgiobalta de thogalach no structar no dhà sa bhucas ann am meadhan na duilleig. Saoil ciamar a tha na togalaichean seo air an cleachdadadh?

Bu chòir sgoilearan obair a dhèanamh ann an dithisean ach an dèan iad tagh air trì facail no abairtean a bheir cunntas air an sgìre agus air mar a tha an sgìre a' toirt orra faireachdann – cuiribh am fiosrachadh seo sìos sna bucais air duilleag ghoireasan 1.

Beachdan nan sgoilearan

le cunntas air na sgìrean aca.

# A' TOGAIL NAN EILEAN

Ar Sgìre Fhèin – Leabhran I Spy

## Pàirt 2 A' tadhla air an àite – a' faicinn, a' sealltainn agus a' clàradh

### Amasan

Gun tèid aithne agus clàradh a dhèanamh air an sgìre a chaidh a thagh.

### Deasbad Clas:

Innsibh dhaibh a-rithist gu bheil iad gu bhith a' tadhla air an sgìre a chaidh a thagh agus gum bi aca ri fiosrachadh a chruinneachadh a bheir dhaibh barrachd tuigse mun àite. Bu chòir coimhead air air ri obair a rinneadh roimhe le bhith a' faighneachd dè an sgìre a tha iad a' sgrùdadadh, faighnichibh dha aon sgoilear sealltainn far a bheil an sgìre air a' mhapa. Bu chòir cuideachd faighneachd – dè am fiosrachadh a tha sinn a' lorg?

Mas tèid sibh a-mach seallaibh ri suidheachadh na sgìre. Dèanaibh comharra air a' mhapa dè an taobh a tha tuath? A bheil seallaidhean càilear ann? Dè cumadh na tire timcheall oirre? Dè am fiosrachadh a gheibh sibh às na ma-paichean? Dè nach eil na mapaichean ag innse dhuibh?

### Eacarsaich:

Dèanaibh obair ann am buidhnea beaga: bheiribh detective missions dha gach buidheann.

### Dorsan agus Uinneagan

Cia mheud seòrsa a chì sibh? Dè na tha eadar-dhealaichte eatorra? Ciamar a tha iad eadar-dhealaichte? Càite a bheil am prìomh dhòras a-steach? Am faicear an doras bhon rathad?

### Na stuthan togail

Cia mheud seòrsa stuthan-togail a chì sibh air na togalaichean? Dè na tha iad a' dèanamh? Dè na tha seo ag innse dhuibh?

### Cumaidhean agus co-chothromachd

Dè na cumaidhean a chì sibh sna togalaichean? Am faic sibh togalaichean a tha symmetrical/asymmetrical?

### Pàtran agus dath

Dè na partanan a chì sibh sna togalaichean agus structaran? Carson a chaidh na pàtranan seo a chleachdad? Dè na dathan a chì sibh? Carson a tha iad ann?

### Structaran nach eil nan togalaichean

Dè na structaran eile a lorg sibh san sgìre a rannsaich sibh? Càite a bheil iad? A bheil iad furasta fhaicinn? Faicsinneachd, meud agus feartan san sgìre

A bheil togalaichean/structuran san sgìre agaibh a chì sibh bho fhad às? Dè

- Goireasan
- taisbeanadh a' sealltainn panorama de thogalaichean san t-sràid no àite air a thaghadh
- mapa den sgìre, a' gabhail a-steach na sgìre air an sgrùdadadh
- acainn dealbhaidh
- duilleagan ghoireasan 3.1-3.7
- duilleag ghoireasan 3.8 – Duilleag clàraighean thogalaichean
- clip-bòrd
- camarathan didseatach
- Builean is Eòlasan
- eòlas air sgilean clàraighean
- comasach air clàradh fheartan ailtireach ann an notaichean fo dhealbhan is fo dhealbhan-camara
- comasach air clàradh chleachdaidhean thogalaichean air duilleagan-clàraighean

# A' TOGAIL NAN EILEAN

na chì sibh? Nuair a tha sibh san sgìre, am faic sibh togalaichean/structaran faisg air? A bheil iad faisg no fada air falbh bhuaithe? Dè seòrsa thogalaichean a th' annta? Am faic bho fhad' air falbh iad no a bheil iad ri dhol nas fhaisg airson am faicinn? A bheil structar sam bi eile ann ris an canadh tu landmark nam biodh tu a' toirt cunntas air an àrainneachd dha cuideigin eile?

Ar Sgìre Fhèin – Leabhran I Spy

Pàirt 3 Sgrùdadhbh agus Aithris

## Amasan

Fiosrachadh a chruinneachadh, a sgrùdadhbh agus a roinn.

## Deasbad sgoilearan

Innse dhaibh gum bi iad ag obair am buidhnean a' rannsachadh nan sgirean a sgrùd iad.

Dèan cinnteach gum bi fios aca gur ann a' cruthachadh leabhran I Spy a tha iad airson cleachdadhbh le clasaichean eile. Bu chòir dha gach buidheann coimhead ris na chruinnich iad de dh'fiosrachadh agus deasbad a chumail mu na fhuair iad a-mach mun sgìre.

## Eacarsaich

Bu chòir gach buidheann na toraidhean aca a chlàradhbh air pìos mòr pàipeir agus an taisbeanadh air beulaibh sgoilearan eile.

Tha gach buidheann an uair sin a' ruigisinn co-dhùnadhbh air na chuireas iad ris an taisbeanadh, le fiosrachadh ga sgriobhadhbh air cairtean agus an cur fo na dealbhan. Mar eisimpleir, fiosrachadh air na stuthan às a bheil na dorsan/ uinneagan gan dèanamh, na pátranan, etc cuideachd dealbhan gan cur an-àirde de dh'fiosrachadh mu choinneamh nan togalaichean. Cleachdaibh cairtean le dathan eadar-dhealaichte, eg. geal airson togalaichean prìobhaideach, dearg dha togalaichean poblach, buidhe dha togalaichean coimearsalta, uaine airson togalaichean àiteachail.

Cuir ma sgaoil an teamplaид airson an leabhran I Spy. Bu chòir dha gach buidheann ceithir no còig ceistean a chur dhan leabhran. Dèanaibh dreach dhan cheist an toiseachd agus an uair sin sgriobh a-mach gu cùramach l air na duilleagan teamplaيد.

## Beachdan

Can ris na sgoilearan; nam biodh iad ag innse dha daoine eile mun obair sgrùdaidh a rinn, dè bu mhotha a bhiodh iad airson innse mu dheidhinn? Cùmaibh deasbad ann an dithisean agus innsibh dhan chlas.

## Obair eile

Priontaibh agus cuiribh ri chèile leabhran I Spy dha sgoilearan eile.

- Goireasan
  - Duilleagan fiosrachadh bhon turas a' tadhail air an àite
  - Duilleagan mòra pàipeir airson clàradhbh nam prìomh phuingean
  - Liostaichean de bhriathrachas ailtireach
- Teamplaidean airson leabhrain I Spy
  - Copaidhean beaga de dhealbhan air an taghadhbh le sgoilearan 'son nan leabhran I Spy.
  - Peanaichean tiugha fealta
  - Peansailean
    - Cairtean dathach air an tèid fiosrachadh a chur
  - Siosaran
  - Builean agus toraidhean
  - Sgrùdadhbh mionaideach air na thàinig às an turas a' tadhail air an àite
- Taisbeanadh air an sgrùdadhbh a' toirt air sgoilearan ri fiosrachadh a chruinneachadh agus cothroman air bruidhinn agus èisteachd
  - Fiosrachadh agus dealbhan airson a chur ris an taisbeanadh
  - Leabhran I Spy airson cleachdadhbh le sgoilearan ann an clasaichean eile